

PACA-IARRTAIS-OBRACH



| | |
|----------------|---|
| Dreuchd | Cunntasair |
| Cunntachail gu | Stiùiriche lonmhais |
| Stèidhichte | Steòrnabhagh - ach fosgailte do dh'obrachadh sùbailte agus b' fheàrr leinn gu robh seo stèidhichte air a' Ghàidhealtachd & sna h-Eileanan |
| Deit Dùnaidh | 12 Sultain 2021, 10f |
| Agallamhan | 23 Sultain 2021, air Teams |

27 Lùnastal 2021

A thagraiche chòir

IARRTAS OBRACH – CUNNTASAIR

Taing airson d' ùidh san dreuchd airson Cunntasair.

Tha sinn a' sireadh neach a bhios nam prìomh bhall den Sgioba Ionmhais, leis a' phearsa agus na sgilean airson a bhith ag obair mar aon sgioba le co-obraichean cruthachail is gnìomhachais ann an telebhisean, air-loidhne, na meadhanan sòisealta agus rèidio agus a tha cuideachd comasach air cur nas fharsainge ri leasachadh na meadhanan Gàidhlig.

Tha e a' toirt toileachas dhuinn am pac-a-iarrtais-obrach a chur an cois seo.


Gus tagradh a chur a-steach, cuir a-steach litir-chòmhdaidh agus an CV agad le iomradh air do sgilean, eòlas agus comasan, a' cur aire shònraichte air an Sònrachas Obrach. Bu mhath leinn cluinntinn mu do chomasan agus eòlas bhon dà chuid obraichean pàighe agus saor-thoileach. Ma tha thu ag iarraidh còmhchradh neo-fhoirmeil mun obair agus mun chothrom, cuir fios gu Claire NicLeòid, Comhairliche HR, air hr@mgalba.com agus curridh sinn air dòigh àm freagarrach airson còmhchradh.

Bu chòir dhut do thagrachd a chur a-steach ro 10f Didòmhnaich 12 Sultain 2021 gu hr@mgalba.com. Cha tèid beachdachadh air tagraighean a thèid an cur a-steach an dèidh seo.

Cuiridh sinn daingneachadh gun deach do thagrachd fhaighinn ro Dhiliuain 13 Sultain 2021.

Thèid agallamhan a chumail Diardaoin 23 Sultain 2021 tro Teams.

Le dùrachd



Dòmhnull Caimbeul
Àrd-Oifigear

MU AR DEIDHINN

Cò sinn?

Tha MG ALBA (Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) a' ruith na seanail Ghàidhlig **BBC ALBA** ann an com-pàirteachas leis a' BhBC. Tha uallach oirnn cuideachd airson [FilmG](#), [LearnGaelic](#) agus [SpeakGaelic](#) ann an co-obrachadh le buidhnean eile.

Tha fiosrachadh cudromach anns a' Phlana Obrachaidh againn airson 2021/22 mu na h-amasan againn agus thèid a chuir gu tagraichean air a' gheàrr-liosta airson agallamhan.

Càite bheil sinn?

Tha ar prìomh oifis ann an Steòrnabhagh, le oifis cuideachd ann an Glaschu, agus làthaireachd ann an Inbhir Nis. B' fheàrr leinn gu robh an dreuchd stèidhichte ann an Steòrnabhagh ach thathas fosgailte do dh'obrachadh sùbailte agus b' fheàrr leinn gu robh seo stèidhichte air a' Ghàidhealtachd & sna h-Eileanan.

Ar Luchd-obrach & Am Bòrd

Tha 43 [neach-obrach](#) againn, le [Bòrd](#) de 9.



Ar n-Àrainneachd Obrach

That has ag obair le dòigh obrach firinneach, fosgailte agus eadar-obrachail. Tha guth gach neach nar sgioba a' cunntadh. That has a' co-roinn nas urrainn dhuinn de dh'fhiorsachadh gus am bi fios aig gach neach ciamar a tha am buidheann a' dèanamh, ciamar a tha sinn uile a' cur ri sin agus ciamar as urrainnear a bhith fiùs nas fheàrr nar n-obair.



That has pròiseil gun do choilean sinn barantachadh bhon taobh a-muigh bho *Broadcast Best Places to Work in TV* airson còig bliadhna co-leantaileach (2016-2020), Inbhe Airgid bho *Creideas nar Cosnaichean* agus Inbhe Òir bho *Creideas nar Cosnaichean Òga*. That has dealasach ann a bhith a' dèanamh nas urrainn dhuinn gu bheil ar daoine fallain agus air an coimhead às an dèidh, ag obair le *Healthy Working Lives Awards* gus seo a choileanadh.

Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta

Mar bhuidheann, that has làn dhealasach mur Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta, a tha air an coileanadh ann an ioma dòigh, nam measg tro ar Poileasaidh Àrainneachd, ar Poileasaidh Fastaidh agus ann an tabhartasan seach airgead chun choimhearsnachd agus buidhnean carthannais. That has gu cunbalach a' toirt seachad eòlas saor an-asgaidh agus uidheamachd gu tachartasan ionadail togail airgid, dannsan carthannais, farpaisean cheist, cuirmean dhuaisean agus bithear cuideachd a' toirt taic do riochdachadh bhidiothan foillseachadh carthannais, tachartasan spòrs, bùithtean-obrach cultarail agus foghlaim agus tachartasan film/Mòd.

Luachan

'S iad na luachan againn na prìomh phrionnsabhalan a bhios a' stiùireadh ar n-obrach. Tha iad a' sònrrachadh nam prìomhachasan againn agus tha iad mar bhun-stèidh anns gach rud a nì sinn.

Cruthachalachd

- Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig

Luchd-amhairc

- Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

Àrd-amas

- Tha sinn ag amas air agus a' libhrigeadh sàr-mhathas

Co-bhanntachd

- Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

Spès

- Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach

AN DREUCHD

Cùl-fhiosrachadh

Tha na meadhanan Gàidhlig, coltach ri gach meadhan eile, a' dol tro atharrachadh brigheil. Tha seo an dà chuid dùbhlach agus gar brosnachadh. Bidh sibh mothachail gu bheil ar ro-innleachdan mheadhanan a' freagairt air na h-iarrtasan sin.

Bhon eòlas agad fhèin, agus bho [rannsachadh Ofcom](#), bidh fios agad mu na h-atharrachaidhean ann an teicneòlas meadhanan, branndan agus cleachdaidhean an luchd-amhairc. Bidh fios agad cuideachd gu bheil na meadhanan againn ag obrachadh taobh-staigh frèam-obrach poilitigeach agus taic roinne poblach.

Bidh an Cunntasair ag obair mar phrìomh bhall den Sgioba Ionmhais, ag obrachadh ar siostaman ionmhais gu h-èifeachdach agus a' toirt sàr-smachd ionmhasail don bhuidheann.



Is e prìomh amasan eile na dreuchd a bhith ag obair còmhla ris an Oifigear Gniomhachais agus luchd-gleidhidh buidseit, ag aithris do luchd-ùidh air an taobh a-muigh agus a bhith mar Manaidsear Loidhne air am Foghlainneach Ionmhais a' toirt a-steach coidseadh tro phlana leasachaidh.

An Neach

Bidh na prìomh feartan a leanas aig an tagraiche freagarrach, aig am bu chòir làn-theisteanais mar chunntasair a bhith:

- Eòlas agus/no eòlas obrach air pròiseactan, cùmhnantan agus gnothaichean
- Miann pàirt gnìomhach a ghabhail ann an iomairtean leasachadh gnìomhachais
- Dòigh-obrach rianail a thaobh obair agus aire làidir gu mion-fhiosrachadh
- Sàr sgilean eagrachaidh agus planaидh
- Àrd ìre de dh'aireamhachd agus sgilean mionaideachd
- Sàr-sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh (labhairteach agus sgrìobhte)
- Eòlas riaghlaidh loidhne
- Comas sàr-dhàimhean obrach a thogail agus a chumail taobh a-staigh MG ALBA agus taobh a-muigh le luchd-ùidh a' gabhail a-steach màladairean, solaraichean agus riaghlaidhean

Is e cothrom a tha seo a bhith mar phàirt de bhuidheann le Gàidhlig a tha a 'tabhann cultar obrach làidir, sùbailteachd agus cothroman airson sgilean ùra ionnsachadh. Mura h-eil thu fhathast nad neach-labhairt Gàidhlig fileanta no misneachail, no dìreach a' tòiseachadh air do shlighe ionnsachaidd Gàidhlig, seo cothrom sgilean càinain a leasachadh no fhaighinn. Aig a' char as lugha bhiodh sinn a' sireadh gealltanach bhuat airson comas a ruighinn thar àine cosnайдh aontaichte. Mar sin, ma tha teisteanas cunntasachd proifeasantach agad, an sealladh ceart, sgilean cunntasachd ionmhasail agus/no riaghlaidh làidir agus eòlas buntainneach bu mhath leinn cluinntinn bhuat.

FIOSRACHADH TAGRAIDH

Prìomh Chinn-là

Tagraighean fosgladh 27 Lùnastal 2021
Deit Dùnaidh 12 Sultain 2021, 10f
Agallamhan 23 Sultain 2021

Pròiseas Taghaidh

Tha am pròiseas taghaidh air a chur a-mach ann am [Poileasaидh Fastaidh MG ALBA](#).

Sgrùdadh Co-ionannachd Chothroman

Tha sinn nar fastaichean co-ionannachd chothroman agus bithear a' cumail sgrùdadh air dàta fastaidh. Cuiribh crìoch air an fhoirm an cois seo, a tha a rèir reachdas GDPR.

Tagraichean Ciorramach

Cuirear fàilte air tagraighean bho dhaoine ciorramach agus tha sinn a' gabhail pàirt san Sgeama Agallamh Barantas Obrach airson tagraichean a tha air iad fhèin a mheasadh mar chiorramach agus a tha a' coileanadh nan slatan-tomhais aig an ìre as isle airson dreuchd bhàn.

Rèitearan

Thèid fios a chur gu dà rèitire nuair a thèid gabhail ri taigse obrach cumhach. Cha tèid fios a chur gu rèitire gun ur cead.

Dàimh le Ball Bùird / Oifigear / Strì eadar Chom-pàirtean

Bu chòir dàimhean le buill bùird no luchd-obrach, no strì chom-pàirtean ann an dà-rìribh na dh'fhaodadh a bhith air fhaicinn mar strì chom-pàirtean a chur am follais san tagradh.

GDPR

Thèid dàta pearsanta taobh a-staigh ur tagradh a phròiseasadh, a chumail agus a chur ann an tasglann/cur às dheth a rèir [Sanas Prìobhaideachd MG ALBA](#).

GEÀRR-IOMRADH AIR TEIRMEAN IS CUMHAICHEAN NA H-OBRACH

| | |
|------------------------------|--|
| Ìre | Ìre E1 |
| Tuarastal | £39,526-£43,943 (co-ionnan ri eòlas) |
| Fòrladh bliadhnailean | 25 là + 12 saor-làithean poblach |
| Peinnsean | Sgeama Peinnsein Tabhartas Sònraichte, curidh MG ALBA 10% den tuarastal bliadhnailean, a' dol suas gu 15% ma chuireas an neach-obrach tabhartas de 5% ris |
| Bàs ann an Seirbheis | 4 x Tuarastal Bliadhnailean |
| Sochairean Eile | Gus dòigh beatha fhallain a bhrosnachadh thathas a' taigse ballrachd tall-spòrs. Tha dòighean-obrach math teaghlaich agus sùbailte againn agus thathas a' taigse sgeama bileag chloinne. |

Sgeama Pàigheadh Tinneis

| | | | | |
|----------------------|-----------|----|----|---|
| Seirbheis | suas | gu | dà | Làn-pàigheadh 1-mhìos agus leth-pàigheadh 1 mhìos, ann an aon bhliadhna |
| An-dèidh | seirbheis | 2 | | Làn-pàigheadh 2-mhìos/leth-pàigheadh 2 mhìos, ann an aon bhliadhna |
| An dèidh seirbheis 3 | gu | 4 | | Làn-pàigheadh 3-mìosan/leth-pàigheadh 3 mìosan, ann an aon bhliadhna |
| An-dèidh | seirbheis | 5 | | Làn-pàigheadh 4-mìosan/leth-pàigheadh 4 mìosan, ann an aon bhliadhna |

Ionnsachadh & Leasachadh

Tha e riatanach gum bi plana Ionnsachaidh agus Leasachaidh aig gach neach-obrach a ni comasach dhaibh fàs nas èifeachdaich nan obair agus na h-amasan bliadhnailean obrach aca a choileanadh.

Gàidhlig

Is i a' Ghàidhlig cànan obrach MG ALBA. Tha e riatanach airson na dreuchd seo gu bheil an neach soirbheachail co-dhiù mar neach-ionnsachaidh/dealasach a thaobh a bhith ag ionnsachadh ach 's e ar miann gum biodh ìre comais sa chànan labhairteach agus sgrìobhte aig an neach.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Airson còmhchradh neo-fhoirmeil mu pìos sam bith den obair, curibh fios gu hr@mgalba.com agus thèid àm freagarrach a chur air dòigh airson còmhchradh.

DEALBH-OBRACH

| Tiotal-obrach | Cunntasair | Ìre | E1 | Uaireannan Seachdainneach | 37 |
|---------------------------|---|-----|----|---------------------------|----|
| Amas | Na siostaman ionmhais obrachadh gu h-èifeachdach agus mar sin sàr smachd ionmhasail a thoirt don bhuidheann, a bhith a' furastachaидh obair an Roinn Gníomhachais tro ullachadh chùmhñantan, agus far am bi ionchaidh seo a thoirt gu crìoch, ag obair còmhla ri luchd-gleidhidh buidseit agus a bhith ag aithris do luchd-ùidh air an taobh a-muigh. | | | | |
| Cunntachail do | Stiùiriche Ionmhais | | | | |
| Le uallach airson | <ul style="list-style-type: none"> • Riaghladh ionmhais làitheil a' cleachdadhe Xero, Approval Max, Bankline agus ClearSpend • Riaghladh sruth-airgid agus aonta pàighidhean taobh a-staigh ìrean ùghdarras tiomnaichte • Aithris ionmhasail mìosail do luchd-gleidhidh buidseit • Cunntasachd airson riochdachaidhean Tbh & Rèdio agus os-shealladh air bun ìre ullachadh chùmhñantan riochdachaidh • A' cuideachadh an Stiùiriche Ionmhais ann a bhith ag ullachadh buidseat bliadhnaile agus ro-mheasadhean ràitheil • Ag obair leis an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus ag ullachadh nan cunntasan reachdail • Gèilleadh chìsean a' toirt a-steach Cis Corporra, VAT agus PAYE • Rianachd pàighidh is peinnseanan le companaidh pàighidh bhon taobh a-muigh • Leasachadh shiostaman agus phròiseasan • Riaghladh agus dèanadas sgrùdaidhean riochdachaidh • Rianachd Loidhne den Foghlainneach Ionmhais | | | | |
| Dàimhean obrach | <p>Bidh an neach-dreuchd nam prìomh ball den Sgioba Ionmhais agus obraichidh iad ann an co-bhonn ris an luchd-gleidhidh buidseit agus an sgioba àrd-stiùridh agus bidh feum air conaltradh farsaing a dhèanamh le prìomh luchd-ùidh a' gabhal a-steach Riaghaltas na h-Alba, solarachean, luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus HMRC.</p> <p>Tha uallach air an neach-dreuchd cuideachd airson trèanadh, leasachadh agus riaghlaadh loidhne am Foghlainneach Ionmhais</p> | | | | |
| Prìomh Thoraidhean | <ul style="list-style-type: none"> • Ag ullachadh cunntasan riaghlaidh mìosail ceart agus ùineail, a' mìneachadh thoraidhean do luchd-gleidhidh buidseit agus a' cuideachadh le bhith a' stiùireadh dèanadas ionmhasail nas fheàrr • A' riaghladh airgead bho latha gu latha, a' dèanamh cinnteach gu bheil smachd làidir ann air pàighidhean agus gu bheil sgaoileadh gu leòr ann gus bilean a phàigheadh ann an deagh àm • Ag ullachadh nan cunntasan reachdail agus a' toirt na sgrìobhainnean agus mìneachadh ionchaidh don luchd-sgrùdaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil na cunntasan air am faidhleadh ann an deagh àm • A' dèanamh cinnteach gu bheil MG ALBA a' gèilleadh ris na riaghailtean cìse buntainneach agus a' coileanadh a dhleastanasan faidhleadh is pàighidh • A' pàigheadh luchd-obrach ann an àm agus gu ceart • Barantas a thaobh Luach an Airgid tro thomhas-measaidh agus sgrùdaidhean chaiteachais • Gèilleadh ri Riaghailtean Ionmhasail, Solarachadh, Cosgaisean agus poileasaidhean ionchaidh eile • Dèanadas an sgioba gu h-iomlan tro bhith a' cuideachadh le gnothaichean eile leithid ullachadh agus coileanadh chùmhñantan (mar a bhios ionchaidh), riaghladh cunnairt, dòn dàta, saorsa fiosrachaidh agus foillseachaidhean eile msaa. | | | | |

| | |
|-----------------------------|--|
| Prìomh ghniomhan | <ul style="list-style-type: none"> • Os-shealladh air obrachadh dàta ionmhasail de gach seòrsa a' toirt a-steach fàirdealan, tagraighean, bileagan cìse, POan agus an leithid gus dèanamh cinnteach gu bheil aithisgean ionmhais ann an deagh àm agus air an toirt gu buil • A' mìneachadh na h-aithisgean ionmhais gu tric do luchd-gleidhidh buidseit aig nach eil teisteanas ionmhais agus gan cuideachadh le bhith a' riaghadh am buidseatan • A' conaltradh le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh mun chlàr-ama airson sgrùdadadh, prìomh sgrìobhainnean a tha a dhìth agus gach cùis riatanach eile • A' cumail suas siostam làidir de smachdan taobh a-staigh agus uidheaman ceadachaidh làidir • A' toirt taic don Roinn Ghniomhachais le lèirmheasan cùmhnantan, ùrachaidhean agus molaidhean • A' cumail suas sàr-dhàimhean le prìomh luchd-ùidh bho Riaghaltas na h-Alba, Ofcom agus HMRC gu solaraichean agus màladairean • Riaghadh pàighidh agus giullachd peinnsein • A' dèanamh eacarsaichean thomhas-measaidhean agus sgrùdaidh gus dèanamh cinnteach à luach an airgid agus cleachdadadh ceart den mhaoin. |
|-----------------------------|--|

| | |
|---------------------------|---|
| Sgilean bunaiteach | <p>Bu chòir na sgilean agus comasan a leanas a bhith aig neach-dreuchd:</p> <p><u><i>Deatamach</i></u></p> <p>Teisteanas cunntasachd proifeasanta no teisteanas agus eòlas gnìomhachais buntainneach co-ionann</p> <p>Miann pàirt gnìomhach a ghabhail ann an iomairtean leasachadh gnìomhachais</p> <p>Dòigh-obrach rianail a thaobh obair agus aire làidir gu mion-fhiosrachadh le sàr sgilean eagrachaidh agus planaидh</p> <p>Àrd ire de dh'àireamhachd agus sgilean mionaideachd</p> <p>Sàr-sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh (labhairteach agus sgrìobhte) agus beagan eòlais riaghlaidh loidhne</p> <p>Comas sàr-dhàimhean obrach a thogail agus a chumail taobh a-staigh MG ALBA agus taobh a-muigh le luchd-ùidh a' gabhail a-steach màladairean, solaraichean agus riaghlairean</p> <p>Comas priomhachas a thoirt do dh'eallach obrach, comas a bhith ag obair gu cinn-ama teann agus fo chuideam agus sùbailteachd a bhith agad le dòigh socair</p> <p>Comas an iomairt agad fhèin a chleachdad agus obair gun stiùireadh</p> <p>Comas fuasgladh chruaidh cheistean mar a dh'fheumar agus dùil ri cùisean ro-làimh, a' toirt seachad fhuasglaidhean, mholaidhean agus àrdachadh mar a bhios iomchaidh</p> <p>Comas a bhith sùbailte agus dòigh-obrach sùbailte a chleachdad airson grunn shuidheachaidhean taobh a-staigh obair an Sgioba Ionmhais/Gnìomhachais</p> <p>Sgilean taisbeanaidh làidir</p> <p>Eòlas ann a bhith ag ullachadh chùmhnant simplidh agus beagan eòlais air lagh chùmhnantan aig bun ìre an dàrna cuid tro fhoghlaim no eòlas</p> <p>Sgilean TF sàr-mhath agus comas ann an cleachdad tagraidhean MS Office, gu sònraichte Excel</p> <p>Fileantas sa Ghàidhlig no dealasach ann a bhith ag ionnsachadh.</p> <p><u><i>Miannaichte</i></u></p> <p>Eòlas le Xero agus Approval Max no siostam co-ionann leithid Quickbooks</p> |
| Fad na h-obrach | Làn thìde |